

An-Dè

An dè, (1) _____ (woke up) mi aig sia uairean agus (2) _____ (got up) mi aig deich mionaidean as deigh sia. (3) _____ (went) mi sìos an staidhre. (4) _____ (went) mi a-steach sa' chidsin agus (5) _____ (drank) mi sùgh orains agus (6) _____ (ate) mi aran le ìm. (7) _____ (didn't drink) mi sùgh tomato. (8) _____ (thought) mi, "Am bi mi [a'] snàmh an-diugh?" An uair sin, (9) _____ (left) mi airson sgoil. (10) _____ (walked) mi dhan leabharlann agus (11) _____ (read) mi mòran leabhraichean agus (12) _____ (slept) mi beagan. Airson biadh meadhan-latha, (13) _____ (ate) mi ceapaire agus (14) _____ (drank) mi sùgh ubhal. (15) _____ (spoke) mi ri mo charaid. Aig trì uairean feasgar, (16) _____ (walked) mi gu class agus (17) _____ (ran) mi suas a' staidhre. (18) _____ (was) mi fadalach! (19) _____ (wrote) mi air pàipear agus (20) _____ (listened) mi ris a' bhean-teagaisg. Aig còig uairean, (21) _____ (rode) mi each dhachaidh. Nuair a bha mi aig an taigh, (22) _____ (said) mo chù, "woof!" agus (23) _____ (looked) e air an soitheach aige. (24) _____ (was) an t-acras orm, cuideachd. (25) _____ (went) mi gus an chidsin agus (26) _____ (remembered) mi, "Chan eil biadh an-seo!" (27) _____ (ran) sinn a-mach agus chaidh sinn sìos an rathad gus na bùthan. (28) _____ (bought) mi biadh, (29) _____ (made) mi dìnnear, agus an uair sin (30) _____ (watched) sinn "Expedition Unknown le Josh Gates" air an telebhisean. (31) _____ (went) mi dhan leabaidh aig deich uairean.

There are 21 unique verbs in this exercise. Write the imperative, present participle, past positive statement and past negative statement below.

An-dè - Answers

An dè, (1) dhùisg mi aig sia uairean agus (2) dh'èirich mi aig deich mionaidean as deigh sia. (3) Chaidh mi sìos an staidhre. (4) Chaidh mi a-steach sa' chidsin agus (5) dh'òl mi sùgh orains agus (6) dh'ith mi aran le ìm. (7) Cha do dh'òl mi sùgh tomato. (8) Smaoinich mi, "Am bi mi [a'] snàmh an-diugh?" An uair sin, (9) dh'fhàg mi airson sgoil. (10) Choisich mi dhan leabharlann agus (11) leugh mi mòran leabhraichean agus (12) chaidil mi beagan. Airson biadh meadhan-latha, (13) dh'ith mi ceapaire agus (14) dh'òl mi sùgh ubhal. (15) Bhruidhinn mi ri mo charaid. Aig trì uairean feasgar, (16) choisich mi gu class agus (17) ruith mi suas a' staidhre. (18) Bha mi fadalach! (19) Sgrìobh mi air pàipear agus (20) dh'èist mi ris a' bhean-teagaisg. Aig còig uairean, (21) mharcaich mi each dhachaidh. Nuair a bha mi aig an taigh, (22) thuirt mo chù, "woof!" agus (23) sheall e air an soitheach aige. (24) Bha an t-acras orm, cuideachd. (25) Chaidh mi gus an chidsin agus (26) chuimhnich mi, "Chan eil biadh an-seo!" (27) Ruith sinn a-mach agus chaidh sinn sìos an rathad gus na bùthan. (28) Cheannaich mi biadh, (29) rinn mi dìnnear, agus an uair sin (30) choimhead sinn "Expedition Unknown le Josh Gates" air an telebhisean. (31) Chaidh mi dhan leabaidh aig deich uairean.

- 1) Dùisg!, a' dùsgadh, dhùisg, cha do dhùisg
- 2) Èirich!, ag èirigh, dh'èirich, cha do dh'èirich
- 3) Rach!, a' dol, chaidh, cha deach
- 4) Òl!, ag òl, dh'òl, cha do dh'òl
- 5) Smaoinich!, a' smaoinichadh, smaoinich, cha do smaoinich
- 6) Ith!, ag ithe, dh'ith, cha do dh'ith
- 7) Fàg!, a' fàgail, dh'fhàg, cha do dh'fhàg
- 8) Coisich!, a' coiseachd, choisich, cha do choisich
- 9) Leugh!, a' leughadh, leugh, cha do leugh
- 10) Caidil!, a' cadal, chaidil, cha do chaidil
- 11) Bruidhinn!, a' bruidhinn, bhruidhinn, cha do bhruidhinn
- 12) Ruith!, a' ruith, ruith, cha do ruith
- 13) Bi!, --, bha, cha robh
- 14) Sgrìobh!, a' sgrìobhadh, sgrìobh, cha do sgrìobh
- 15) Èist!, ag èisteachd, dh'èist, cha do dh'èist
- 16) Marcaich!, a' marcachd, mharcaich, cha do mharcaich
- 17) Abair!, ag ràdh, thuirt, cha tuirt
- 18) Seall!, a' sealltainn, sheall, cha do sheall,
- 19) Ceannaich!, a' ceannach, cheannaich, cha do cheannaich
- 20) Déan!, a' déanamh, rinn, cha d' rinn
- 21) Coimhead!, a' coimhead, choimhead, cha do choimhead